

ACi #3

AM MÀRT 2024

PÀIPEAR BEAG A' CHÙRSA INNTRIGIDH



AN CÙRSA
INNTRIGIDH

FÀILTE OIRBH GU DÈ DO NAIDHEACHD? #3



LE SÌLEAS NICLÈÒID

Stiùiriche a' Chùrsa Inntigidh, Sabhal Mòr Ostaig

Seo sinne a-rithist – chaidh sia mìosan eile seachad agus tha mi an dòchas gu bheil sibh deiseil airson iris eile den phàipear naidheachd againn! An do leugh sibh [Iris #1](#) agus [Iris #2](#)? Mura do leugh, 's dòcha gum bi sibh a' sealltainn orra air làrach-lìn na colaiste – tha iad an sin, agus bidh ceangal dhan PDF agaibh an seo cuideachd.

Tha e math faicinn gu bheil gu leòr de na h-oileanaich againn (agus iad deiseil le Earrann 3 a-nis) air an dòigh agus iad a' sgrìobhadh artaigilean beaga anns a' Ghàidhlig – sgeulachdan, aithisgean no pìosan bàrdachd – agus gu bheil e a' còrdadh riuthasan agus ri mòran daoine eile a bhith gan leughadh.

An turas seo, bidh na h-artaigilean gar toirt suas dha na speuran, a dh'àiteachan sònraichte eile, dha obair-chiùird agus an àrainneachd, gu smuaintean feallsanachail air ionnsachadh agus air ar beatha gu farsaing...

Taing mhòr dha na sgrìobhadairean uile an sin, agus tha sinn an dòchas gum bi sibh air ur dòigh glan leis a' phàipear naidheachd againn!

CUIBHLE BHEAG

Is toil leam a bhith ri calanas (a bhith a' dèanamh clòimhe) agus thòisich mi air ionnsachadh as t-samhradh an-uiridh. Cheannaich mi bun-snàth à Leòdhas agus rinn mi snàth nas motha às airson fighe. Smaoinich mi, 'ma bhios cuibhle bheag agam, bidh mi a' dèanamh snàth ùr cuideachd!'. Rinn mi snàth le rùsg-caorach à bùth, 's e olann bhog agus ghlan a bh' ann. Agus cha robh e cho doirbh a bhith a' dèanamh snàth le rùsg-caorach coltach ri sin.

Nuair a bha sinn anns a' chlas, chunnaic Mòrag mo charaid a' chuibhle bheag agam. Thuirt ise, "An e cuibhle bheag a th' ann, agus mas e, am bu toil leat rùsg-caorach?" Thuirt mise, "Gu dearbh, ach, chan e sniomhadair a th' annam fhathast." Agus mar sin, thug i rùsg-caorach gu leòr dhomh airson obair leotha. Uill, cha robh a' chlòimh a fhuair mi bho Mhòrag coltach ri rud sam bith a chleachd mi a-riamh. Bha iad salach, agus 's e rùsg-caorach le dà chòta a bh' anna. Leugh mi tòrr mu dheidhinn rùsg chaorach diofraichte agus rinn mi snàth dona gu leòr ('s e snàth garbh, caol, tiugh a bh' ann). An dèidh sin, leugh mi mòran agus dh'fheuch mi a-rithist is a-rithist is a-rithist air agus beag air bheag rinn mi snàth nas fheàrr.

Ciamar a rinn mi snàth nas fheàrr? Ghlan mi pios beag clòimh ann am pana le uisge agus siabann (glè theth), agus dìreach an dèidh sin, thog mi e agus chuir mi an rùsg-caorach ann am pana eile le uisge teth ann. Nuair a bha a' chlòimh nas tioram, sgaraidh mi an dà chòta. Bhruis mi an còta bog le dà bhruis chù agus rinn mi "rollags". Thòisich mi le 300g agus 's e 60g rùsg-caorach a bh' ann nuair a bha mi deiseil.

Air a' chuibhle bheag agam, rinn mi beagan snàth le tarraing goirid (short draw), ach 's e snàth dona a bh' ann. An dèidh sin dh'ionnsaich mi mu dheidhinn tàirnge fada (long draw). Tha mi a' smaoinichadh gu bheil tarraing fada nas fheàrr airson clòimh mar sin. Tha tarraing fada traidiseanta cuideachd ann an Alba, ach rinn mi tarraing goirid aig an toiseach. Tha i nas buige, agus bha mi a' dèanamh ad airson Mòraig. Bha dragh orm nach bi an ad bog gu leòr le snàth rùsg-caorach Mòraig agus rinn mi am bile le merino.

Rinn mi dà shnàth à clòimh Mòraig. Rinn mi snàth le còta bog, snàth eile le dà chòta agus bidh mi a' dèanamh fear eile le còta eile (chan eil mi deiseil fhathast, feumaidh mi rud eile airson a bhith a' dèanamh sin). Tha iad uile diofraichte. Tha snàth le còta bog ceart gu leòr air a' cheann ach chan eil na snàithean eile cho math fhathast.

Tha ad Mòraig deiseil a-nis, agus tha mi cho moiteil às an ad sin, is pompom oirre cuideachd! Rinn mi pompom leis a' chlòimh ghlan, agus 's e pompom uabhasach snog a th' ann.



LE FIONNGHAL NICILLEATHAIN



SPEUR NA H-OIDHCHE

An do choimhead sibh a-riamh suas air na speuran air an oidhche? Ma choimhead, an do chuir e iongnadh oirbh? Dè chunnaic sibh a' chiad turas a choimhead sibh suas?

Nuair a bha mi òg, bha mi a' fuireach air an dùthaich far nach robh solais-sràide agus far nach robh solais taighe. Chòrd e rium a bhith a' laighe air mo dhruim ann an achadh ri taobh an taigh agam a' coimhead suas dha na speuran tro phrosbaig, air oidhche dhorcha gun neòil. An ath latha, bhruidhinn mi ri mo charaid anns an sgoil mu dheidhinn nan rionnagan, nam planaidean, nan neòil-reultan agus nan reul-chriosan a chunnaic sinn.

Bidh mi fhathast a' coimhead air na rionnagan, ach, an-diugh, tha teileasgop, camara agus coimpiutair agam. Bidh an coimpiutair a' cumail smachd air an teileasgop. Tha teileasgop beag agus camara air mullach an teileasgop mhòir agus tha coimpiutair beag ceangailte riutha. Bidh iad a' lorg rionnag agus a' cumail na rionnaige seo san aon àite anns an deilbh. 'S urrainn dhomh an uair sin dealbh a thogail le deisearas eadar còig agus deich mionaidean.



'S e neòil-reultan na rudan as fheàrr leam. Tha iad cho mòr, cho dathach agus cho brèagha. 'S toil leam na h-ainmean a th' orra, ainmean mar seo - *Bubble Nebula, Tadpole Nebula, Iris Nebula agus Heart and Soul Nebulae.*

'S toil leam na h-àireamhan cuideachd. Mar eisimpleir - tha Orion Nebula 1350 bliadhna-sholais bhon Talamh, dà mhillean bliadhna a dh'aois agus dà fhichead bliadhna-sholais tarsainn.

Tha na dathan diofraichte ag innse dhuinn cò às a thàinig na neòil-reultan agus dè na gasan a th' anna. 'S urrainn dhuinn rionnagan ùra fhaicinn nuair a tha iad glè òg cuideachd.

A bheil rudan beò eile a-muigh an sin? Tha mi 'n dòchas gu bheil. Cò ris a bhios iad coltach?





Leugh mi an leabhar “An Gille, an Famh, an Sionnach ‘s an t-Each” le Teàrlach Mackesy.

‘S e sgeulachd mu dheidhinn càirdeas, gliocas agus misneachd a th’ ann. Tha na caractaran còmhla air slighe am beatha air fad.

Tha an sgeulachd ag innse dhuinn gu bheil sinn cudromach san t-saoghal, ged a tha sinn beag agus ged a tha an t-eagal oirnn, an-dràsta ‘s a-rithist.

Tha dealbhan àlainn anns an leabhar, agus tha gu leòr dhiubh ann! Chan eil a’ Ghàidhlig cho doirbh ri sin anns an sgeulachd nas motha. Mar sin, tha an leabhar freagarrach dhuinne – dha luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, tha mise a’ smaoinichadh.

Bidh mi a’ togail an leabhair an-dràsta is a-rithist, is bidh mi a’ leughadh dhà no thri dhuilleagan. ‘S e leabhar a th’ ann a bhios còmhla rinn fad ar beatha.

‘Is òran an càirdeas, a thèid a sheinn còmhla.’ (TM)

DÈ BHA SIUD?

Dh'èirich mi tràth air an latha a bha mi a' dol dhan Sgoil Shamhraidh an-uiridh. Bha an cùrsa a' tòiseachadh feasgar agus 's e turas fada a th' ann, bhon dachaigh agam dhan Eilean Sgitheanach. Agus bha mi airson lòn ithe còmhla ri mo charaidean aig Sabhal Mòr Ostaig an toiseach.

Aig leth-uair an dèidh còig, bha mi a' cur rudan a-steach dhan chàr. 'S e madainn bhrèagha ghrianach a bh' ann, agus stad mi airson coimhead air an achadh agus air a' bhàgh. 'S e muir chiùin a bh' againn agus bha na speuran soilleir agus gorm.

Chuala mi rudeigin.

Shh, shh, shh.

Dè bha siud? An e rothair a bh' ann? Chan e. Cò bhiodh ann, co-dhiù?

Choirhead mi suas an rathad. Chuala mi rudeigin, ach chan fhaca mi rud sam bith. Bha am fuaim a' tighinn nas fhaisce agus bha e a' fàs nas àirde.

Shh, shh, shh.

Dè bha a' tachairt? Chan fhaca mi rud sam bith air an rathad. Chan fhaca mi rud sam bith anns an achadh.

Ghluais am fuaim seachad orm. Cha robh fios agam fhathast dè bh' ann.

An uair sin, nuair a bha mi a' coimhead, ghabh dà gheàrr an t-slighe lùbte bho thaobh an achaidh far an robh am feur àrd, tarsainn an achaidh. Bhoc iad gu toilichte tron eòrna còmhla.

Shh, shh, shh.

LE LINDA RAMAGE





LE SÌLE NIC A' GHOBHAINN

DÀN DÀNA

(no turas neach-ionnsachaidh ann am fuaimneachadh na Gàidhlig)

A bheil na h-eòin a' leum agus na h-uain a' seinn as t-earrach? Bhiodh sin bun os ceann.

An urrainn dha laogh an lagh a leughadh? Chan urrainn fhathast.

Am bi faoileag a' togail nead san Fhaoilleach? Chan eil mi leat.

A bheil thu a' pleadhadh do chaoraich no a' rùsgadh do churach. 'S dòcha nach eil!

A bheil 'An Sabhal Mòr' ann an saoghal beag no an e saoghal beag a th' anns an t-Sabhal Mhòr? Gun teagamh sam bith.

Tha a' Ghàidhlig às a' Ghàidhealtachd, tha sibh ag ràdh. Tha Gàidhlig gu leòr ann an Leòdhas agus anns na Hearadh agus ann an Uibhist a Deas. Uill, chan eil sibh ceàrr idir, ach tha Gàidhlig gu leòr anns na bailtean mòra ann an Alba cuideachd – gu sònraichte ann am baile mòr Ghlaschu. Tha aon àite againn an seo far am bi fàilte is furan air oileanaich às a' Chùrsa Inntigridh uair sam bith ma bhios sibh ann an Glaschu, agus nam bu toil leibh a bhith a' bruidhinn Gàidhlig ri daoine eile.

Dè an t-ainm a th' air an àite? 'S e An Lòchran a th' air. 'S e Ionad Coimhearsnachd beag a th' ann do dhaoine le Gàidhlig. Bidh sibh ga lorg ann an taobh siar a' bhaile – ann am Partaig air Sràid Achadh a' Mhansa (Mansfield Street), ri taobh bùth Comhairle nan Leabhraichean (àite far a bheil mòran leabhraichean Gàidhlig), agus ri taobh oifis Theatre Gu Leòr (buidheann a bhios a' dèanamh dhealbhan-cluiche ann an Gàidhlig). 'S e sràid gu math Gàidhealach a th' ann an Sràid Achadh a' Mhansa ann am Partaig, agus 's e eachdraidh làn Ghàidhlig a th' aig Partaig cuideachd. Bho chionn ghoirid, bha eaglaisean ann le seirbheisean Gàidhlig, agus an-diugh, bidh dà chòisir Gàidhlig a' coinneachadh ann am Partaig cuideachd.

Dè an sgeulachd a th' aig An Lòchran? Uill, thòisich e anns a' bhliadhna 2001. Bha Gàidheil gu leòr ann an Glaschu ag iarraidh dachaigh airson na Gàidhlig ann an Glaschu – airson cultar, cànan is dualchas. Bha An Lòchran a' cur air dòigh chuirmean-ciùil Ghàidhlig gu leòr an uair sin, aig Celtic Connections agus aig Fèis Taobh an Iar (West End Festival), ach cha robh mòran chothroman ann do luchd-ionnsachaidh a bhith a' bruidhinn Gàidhlig.

Ann an 2021, dh'atharraich 'oifis' An Lòchran gu 'Ionad' An Lòchran. Chan eil coimpiutairean, no clò-bhualadairean, no bùird mhòra againn an seo a-nis, ach tha àite ùr, fosgailte, gleansach againn, far a bheil cothroman gu leòr a bhith a' bruidhinn Gàidhlig ri daoine eile – daoine a tha ag ionnsachadh, daoine a tha fileanta, agus daoine a bha a' bruidhinn Gàidhlig aig an taigh nuair a bha iad beag.

Bidh dà chearcall-còmhraidh againn a h-uile seachdain – fear air Oidhche Luain eadar 6:15f agus 7:45f, agus fear eile eadar 11m is 1f a h-uile Diardaoin. Ma bhios tu a' tighinn ann, bidh thu a' faighinn srùpag – cupa ti no cofaidh agus briosgaidean (agus – an-dràsta is a-rithist – sgonaichean blasta). Bidh Oifis Fhosgailte (hotdesking) ann cuideachd a h-uile Dihaoine, far am bi cothrom ann a bhith a' dèanamh d' obair, agus a bhith a' cabadaich ann an Gàidhlig ris na daoine eile a tha ag obair ann.

A h-uile mìos, bidh Oidhche Gheamaichean-Bùird ann. Bidh seo againn air feasgar Dihaoine, agus bidh sinn a' cluiche gheamaichean-bùird Ghàidhlig coltach ri Ciste Ulaidh na h-Alba agus Scrabble agus geamaichean-bùird eile nach eil ann an Gàidhlig, ach bidh sinne a' bruidhinn ann an Gàidhlig nuair a bhios sinn gan cluiche.

Tha tachartasan eile againn cuideachd an-dràsta 's a-rithist, ach bidh fàilte shònraichte ro oileanaich a' Chùrsa Inntigridh ma tha sibh ag iarraidh a bhith a' bruidhinn Gàidhlig ann an suidheachadh sòisealta, agus ma bhios sibh ann an Glaschu. Chan e clasaichean Gàidhlig a th' againn, agus 's e saor-thoilich a bhios a' stiùireadh nan tachartasan (chuir Bòrd na Gàidhlig taic-airgid rinn airson a bhith a' cumail an àite blàth agus airson a bhith a' cumail nan solas air!).

Lean sinn air Facebook is Instagram airson fiosrachadh eile.

Friseal MacRaibeirt, Oide air a' Chùrsa Inntigridh agus Iar-Cathraiche Bòrd nan Urrasairean, An Lòchran

an Lòchran
a' brosnachadh na Gàidhlig
ann an Glaschu





AD CLOIMHE

LE SARAH 'MÒRAG' SMITH



"Tha mi a' fuireach air croit bheag faisg air Inbhir Nis agus an-uiridh, fhuair mi còig caoraich. Bha iad à Àird Ghaoithe agus ràinig iad a' chroit againn anns a' gheamhradh. 'S e 'caoraich bheannach' a th' orra (sin 'Hebridean Sheep' ann an Gàidhlig). 'S e caoraich bheaga ach làidir a th' ann an caoraich bheannach. Tha iad dubh agus tha adharcan orra. Tha an fheòil a th' annta blasta agus tha rùsg glè mhath orra.

Bha mi gan lomadh as t-samhradh. Cha robh mi a-riamh a' lomadh chaorach, ach bha mo charaidean, Don agus Cara, gam theagasg. Bha mi air mo dhòigh nuair a bha mi a' lomadh! Smaoinich mi gun robh na caoraich glè spaideil an dèidh sin, ach bha mi sgith dha-riribh. Chuir mi an rùsg gu mo charaid Fionnghal - tha i a' dèanamh a' Chùrsa Inntigidh còmhla rium. An t-seachdain sa chaidh, thug Fionnghal preasant dhomh - bha i ag obair leis an rùsg agus rinn i ad glè bhrèagha. Bha mi cho toilichte nuair a chunnaic mi i. A-nis, 's e ad Fionnghail an ad as fheàrr leam!"



Remake

Supporting Sustainable Living



Remake

Supporting
Sustainable
Living

Open today

'REMAKE' ALBA

A bheil dragh ort airson gu bheil cus sgudail anns an t-saoghal an-diugh?

A bheil cus stuth anns an taigh agad?

Ma bhios tu ga thilgeil air falbh, dè bhios a' tachairt dha?

Bidh iad ga chur ann an lionadh-talmhainn mòr agus bidh e na thrioblaid anns an àm ri teachd.

A bheil freagairt ann?

Tha, dha-rìribh.

Ath-chuairtich!

Cuir gu feum a-rithist e!

Tha sinn glè fhortanach an seo ann an Craoibh a chionn 's gu bheil buidheann charthannais iongantach againn. 'S e "REMAKE" an t-ainm a th' oirre.

Tha a' bhuidheann sin ann an togalach cumanta far a bheil rudan sònraichte a' tachairt - an 'Reuse Hub'.

Thòisich Remake trì bliadhna deug air ais airson stad a chur air daoine a bhith a' cur sgudal ann an lionadh-talmhainn agus, cuideachd, airson a bhith a' cuideachadh dhaoine a bhith a' coimhead nas fheàrr às dèidh na h-àrainneachd, agus bidh a' bhuidheann a' fàs nas motha gach bliadhna.

Tha 'scrapstore' ann far a bheil mòran, mòran rudan inntinneach agus feumail rin ceannach. Bidh a h-uile rud an sin bhon choimhearsnachd no bho ghniomhachasan às an àite agus bidh iad a' reic a h-uile càil aig prìsean saora.

'S dòcha gum bi thu a' ceannach stuth-aodaich, snàth agus a h-uile rud airson fuaigheal, fighe agus obair-làimhe; àirneis,

solais, rugaichean, agus rudan eile airson an taighe.

Tha leabharlann-innealan ann, cuideachd, far am bi thu a' faighinn rudan air iasad. Mar eisimpleir, mura bi thu ag iarraidh drile-dhealain a h-uile seachdain, cha bhi thu a' ceannach tè! Bidh thu ga faighinn an sin, agus ga toirt air ais nuair a bhios tu deiseil.

Bidh bùithtean-obrach ann cuideachd.

'S e neach-obrach saor-thoileach a th' annam agus tha mi air a bhith a' teagasg fuaigheal airson deich bliadhna. Tha mi a' smaoineachadh gu bheil e cudromach a bhith ag ionnsachadh sgilean mar seo agus tha e spòrsail dha na h-oileanaich – sean is òg – cuideachd.

Tha iad an-còmhnaidh cho toilichte a bhith a' dèanamh rudeigin ùr.

Bidh cafaidh-càraidh ann gach mìos: bidh daoine a' tighinn dhan chafaidh le rudan briste agus bidh an luchd-obrach saor-thoileach gan cur ceart.

Bidh 'Remake' a' dèanamh obair gu leòr eile anns a' choimhearsnachd.

Tha mi cinnteach gu bheil buidhnean eile coltach ri seo ann an Alba.

Am bi thu a' coimhead air an eadar-lion an-dràsta, airson faicinn a bheil tè faisg ortsa?

No seall air: remakescotland.co.uk

LE CAIRISTIONA FORSYTH



AN DROCHAD THAR A' CHUAIN SIAR

LE SANDRA CAIRNCROSS

Ma chaidh thu dhan Eilean Sgitheanach an-uiridh, 's dòcha gun deach thu air an rathad mhòr, thairis air an Drochaid Mhòir. 'S e drochaid ainmeil a th' innte, ach a bheil fios agad nach i a' chiad drochaid gu eilean? Tha drochaid eile ann a tha nas sine – "An Drochaid thar a' Chuain Siar". Thog iad an drochaid sin eadar 1792 agus 1793.

Tha an drochaid sin a' dol gu Saoil (Seil ann am Beurla). 'S e eilean beag a th' ann, faisg air an Òban. Thadhail mi air Ellenabeich ann an Saoil an-uiridh. 'S e àite sònraichte a th' ann dhomh. Rugadh agus thogadh mo shinn-sheanmhair ann.

Bha cuaraidhean sglèata ann. Dh'obraich bràithrean mo shinn-sheanmhair an sin. Cha robh ise ag obair an sin. Bha i air mhuinntireas. 'S e searbhanta a bh' innte.

Tha mi a' smaoinichadh gun robh e trang agus fuaimneach nuair a bha mo shinn-sheanmhair a' fuireach anns a' bhaile. Tha e nas sàmhach an-diugh! Chan eil cuaraidhean sglèata ann a-nis.

'S e àite breagha a th' ann. Choisich mi air an tràigh agus suas an cnoc. Chunnaic mi an taigh far an robh mo shinn-sheanmhair a' fuireach. Bha mi air mo dhòigh.

Choisich mi thairis air an drochaid thar a' Chuain Siar cuideachd, nuair a ràinig mi an t-eilean. Chaidh mi a-null gu tìr-mòr agus an uair sin thàinig mi air ais a Shaoil.



Deasachadh: Sìleas NicLeòid & Murchadh M. MacLeòid
(Tapadh leat airson a bhith gar cuideachadh le seo, a Mhurchaidh!)



SABHAL
MÒR OSTAIG